

8 Dàmhair 2019

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

San Ògmhios 2019, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Bun-sgoil an Rubha agus an Sgoil Àraich. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair Bun-sgoil an Rubha agus an Sgoil Àraich.

- Tha a' chlann toilichte, misneachail agus glè dhèidheil air ionnsachadh. Tha iad a' saolsinn tòrr den sgoil agus den sgoil àraich aca, agus às an soirbheachasan sna tachartasan a tha a' comharrachadh an eilean, an cànan agus an cultar. Tha iad sin a' gabhail a-steach aithne airson an seinn agus an aithris aig a' Mhòd ionadail, agus tachartasan a chuir iad air adhart gus a bhith a' comharrachadh an lolaire.
- Tha an luchd-obrach air fad air obrachadh gu math mar sgioba gus sgoil agus sgoil àraich a stèidheachadh aig a bheil feallsanachd a tha blàth, furanach agus cùramach mar bhun-stèidh airson teagasg, a tha san fharsaingeachd, deimhinneach. Tha an luchd-obrach agus a' chlann dealasach mu lèirsinn agus luachan na sgoile agus an sgoil àraich. Tha an com-pàirteachas mu bhith ag adhartachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) a' meudachadh an àireimh chloinne a tha a' clàradh ann am P1.
- Tha an sgoil, an sgoil àraich, pàrantan agus a' coimhearsnachd a' faighinn buannachd bho chom-pàirteachasan a tha deimhinneach do chàch a chèile airson math na cloinne. Tha an obair a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid air foghlam ionmhais air a dhèanamh comasach do chlann an ionnsachadh a chur an cèill ann an co-theacsan fìora.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson an leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard an gnìomh agus ri riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Leantainn air adhart a' leasachadh ceannardas atharrachaidh ro-innleachdail gus am bi na leasachaidhean air an dèanamh ann an àm nas fheàrr agus a rèir sùileachaidhean nàiseanta. Bu chòir do dhreuchdan soilleir co-cheangailte ri planadh airson leasachadh leantainneach a bhith aig an luchd-obrach air fad, mar stiùirichean atharrachaidh.
- Mar àrd phrìomhachas, leantainn air adhart a' meudachadh an astar ann a bhith a' leasachadh a' churraicealaim gus a bheil adhartas na cloinne air a mhìneachadh gu soilleir thairis air gach raon de ionnsachadh. Ann a bhith a' toirt seo air adhart, bu chòir do phlanadh sùim a ghabhail de bhith ag àrdachadh coileanadh, a' leasachadh modhan-obrach airson tràth ionnsachadh agus cluich, agus modh-obrach a bhith air aontachadh a thaobh bogadh.
- Modh-obrach nas ro-innleachdail a leasachadh a thaobh measadh agus cuimseachd. Bu chòir do luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil fianais làidir agus earbsach aig prìomh phuingeann airson a chleachdadh mar fhianais air adhartas chloinne.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh comharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?](#) Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Sgoil an Rubha agus an Sgoil Àraich

Comharran càileachd ìrean bun-sgoile	Measadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagra) . Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd na sgoil àraich	Measadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Daingneachadh adhartas na cloinne	riarachail
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing	

Gheibhear sgrìobhainn nas mionaidich leis an ainm Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

[https://education.gov.scot/inspection-reports/eilean-siar-\(western-isles\)/6232434](https://education.gov.scot/inspection-reports/eilean-siar-(western-isles)/6232434)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig Sgoil an Rubha agus an Sgoil Àraich leantainn air adhart a' leasachadh agus mar sin cha thadhail sinn air an sgoil tuilleadh co-cheangailte ris an sgrùdadh seo. Innsidh Comhairle nan Eilean Siar do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de ullachaidhean a thaobh a bhith a' toirt fiosrachadh seachad mu chàileachd a sgoiltean.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh